

|                     |                                  |
|---------------------|----------------------------------|
| <b>Dreuchd:</b>     | Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig   |
| <b>Tuarastal:</b>   | C2 (Tuarastal £64,057 - £73,935) |
| <b>Stèidhichte:</b> | Ri aontachadh                    |
| <b>Uairean:</b>     | Làn-ùine                         |
| <b>Fo stiùir:</b>   | Ceannard                         |
| <b>Cùmhnant:</b>    | Stèidhichte                      |

#### Co-theacs

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil Ghnìomhach a th' ann am Bòrd na Gàidhlig (am Bòrd) a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. 'S e a' phrìomh bhuidheann ann an Alba le uallach airson leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig, a' gabhail a-steach foghlam na Gàidhlig.

'S e àrd-amas a' Bhùird, gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

Tha tòrr de dh'obair a' Bhùird co-cheangailte ri bhith dealbh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus a' cumail sùil air coileanadh a' phlana sin, bidh e cuideachd a' cuideachadh le bhith dealbh nam Planaichean Gàidhlig aig buidhnean eile agus le bhith sgrùdadh coileanadh nam planaichean sin.

Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gus Gàidhlig a chur air adhart ann an co-bhuinn ri Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Poblach, buidhnean com-pàirteach, agus coimhearsnachdan. Sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23, 's e ionnsachadh aon de na trì prìomh raointean leasachaidh, agus tha na cothroman is dùbhlain a th' ann a thaobh a bhith a' toirt fàs air foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig air am mìneachadh gu soilleir sa Phlana.

Tha dleasan foghlaim reachdail air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

#### Adhbhar na h-Obrach

Tha an dreuchd seo cudromach ann a bhith a' cuideachadh le bhith a' stiùireadh mar a thèid leasachadh is leudachadh a thoirt air foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba. Mar bhall de Sgioba Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig, bidh sibh a' cuideachadh le bhith a' stiùireadh na buidhne aig ìre ro-innleachdail, agus sibh ag obair ann an com-pàirt ris a' Cheannard agus buill eile den Sgioba Stiùiridh agus Buill a' Bhùird.

Mar àrd neach-stiùiridh sa bhuidhinn, feumaidh tuigse a bhith agaibh san dreuchd seo air cùisean poilitigeach, foghlaim, sòisealta agus deamografach a tha a' toirt buaidh air obair Bhòrd na Gàidhlig agus ar buidhnean com-pàirteach, agus bidh e comasach dhuibh obrachadh gu h-èifeachdach agus gu dlùth còmhla ri prìomh oifigearan poileasaidh is obrach aig na buidhnean le ùidh no com-pàirt san obair againn.

Stiùiridh sibh an sgioba foghlaim gus na prìomhachasan ionnsachaidh a chur an gnìomh mar a tha iad air am mìneachadh sa Phlana Chorporra agus sa Phlana Ghnìomh.

Bidh sibh ag obair còmhla ri buill eile de Sgioba Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gun tèid dleastanasan reachdail, àrd-amas agus ro-innleachdan a' Bhùird a choileanadh.

Bidh sibh a' toirt ceannas is stiùireadh do Bhòrd na Gàidhlig aig ìre ro-innleachdail a thaobh mar a thèid diofar phoileasaidhean is dòighean-obrach a dhealbh is a chur an gnìomh airson Foghlam agus Ionnsachadh na Gàidhlig. Cuideachd, nì sibh cinnteach gun tèid taic a thoirt do luchd-compàirt gus ro-innleachdan is poileasaidhean a chur an sàs agus gun tèid sgrùdadh a dhèanamh air buaidh nan ro-innleachdan is poileasaidhean sin agus gun tèid cur ris a' bhuaidh sin.

#### **Prìomh Chinn-uidhe is Dleastanasan**

- A' toirt comhairle do Bhòrd na Gàidhlig (agus buidhnean iomchaidh) air cùisean ro-innleachdail co-cheangailte ri Foghlam na Gàidhlig.
- A' stiùireadh mar a thèid ro-innleachdan airson ionnsachadh na Gàidhlig a thoirt air adhart ann an co-bhuinn ri buidhnean is daoine freagarrach eile le ùidh no com-pàirt san raon seo; agus nì sibh cinnteach gun tèid taic a thoirt do mar a thèid an cur an gnìomh agus gun tèid buaidh nan ro-innleachdan a sgrùdadh agus gun tèid cur ris a' bhuaidh sin.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil ro-innleachdan foghlaim a' Bhùird a' freagairt air riatanasan foghlaim nàiseanta is stiùiridhean nàiseanta; gu h-àraidh a thaobh nan dleastanasan reachdail co-cheangailte ri foghlam na Gàidhlig a th' air Bòrd na Gàidhlig agus a thaobh nan dleastanasan a th' air ar prìomh bhuidhnean com-pàirteach leithid Riaghaltas na h-Alba, Foghlam Alba, SQA, Ùghdarrasan Ionadail agus buidhnean riaghlaidh eile.
- Tog agus leasaich dàimhean le grunn phrìomh luchd-compàirt ann am foghlam na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil Bòrd na Gàidhlig an sàs ann an com-pàirteachasan buadhach agus gun toir sinn buaidh air co-dhùnaidhean a thèid a dhèanamh a thaobh foghlaim aig ìre ionadail agus nàiseanta.
- A' dèanamh cinnteach gun coilean Bòrd na Gàidhlig na dleastanasan reachdail againn a thaobh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.
- Nì sibh cinnteach gun tèid na prìomhachasan ionnsachaidh ann am Planaichean Corporra is Gnìomh Bhòrd na Gàidhlig a choileanadh tron sgioba agaibh.
- Bidh sibh mar àrd-mhanaidsear a' trusadh, a' stiùireadh agus a' leasachadh sgioba foghlaim Bhòrd na Gàidhlig.
- Bidh sibh a' toirt comhairle don Cheannard agus don Oifigear Chunntachail, do Bhòrd Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig, agus do Riaghaltas na h-Alba air prìomh chùisean poileasaidh is obrach co-cheangailte ri foghlam.

#### **Comasan, Eòlas is Teisteanasan**

- Feumaidh ceum no teisteanas proifeiseanta co-ionann ri sin a bhith aig tagraichean.
- Feumaidh teisteanas Disclosure Scotland, a chaidh a thoirt dhaibh o chionn 12 mìos, a bhith aig tagraichean airson na dreuchd seo, no feumaidh e a bhith comasach dhaibh Teisteanas DS fhaotainn.
- Feumaidh eòlas pearsanta nach beag a bhith aig tagraichean air foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig, le eòlas is tuigse air stiùireadh is ceannas ann an roinn foghlaim ann an Alba.

| Sgilean                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                              | Cho riatanach 's a tha iad |
|------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|----------------------------|
| Comasach dhuibh sealltainn gu bheil tuigse mhath agaibh air an àite a th' aig Bòrd na Gàidhlig ann an raon an ionnsachaidh is an fhoghlaim, agus ann an Roinn Phoblach na h-Alba. Comasach air lèirsinn shoilleir a chur air adhart airson ionnsachadh is foghlaim                                                                                                                                   | Riatanach                  |
| Eòlas obrach agaibh ann an raon an fhoghlaim agus raon foghlam na Gàidhlig, a' gabhail a-steach leasachadh phoileasaidhean, mar neach-stiùiridh no manaidsear aig meadhan-ìre no ìre àrd ann an Alba. Luchd-obrach a' creidsinn annaibh, a' cruthachadh shuidheachaidhean gus sgiobaidhean misneachail agus èifeachdach a thogail a bheir cumhachd, luach, aithneachadh agus brosnachadh do dhaoine. | Riatanach                  |
| Comasach dhuibh ìrean coileanaidh àrda a stèidheachadh dhuibh fhèin agus do chàch, agus sibh gan stiùireadh, gam brosnachadh agus a' toirt chothroman leasachaidh dhaibh, feuch an coilean iad an obair aca gu ìre mhath agus gun coilean iad amasan is dleastanasan reachdail Bhòrd na Gàidhlig.                                                                                                    | Riatanach                  |
| Fileanta ann an Gàidhlig, ga bruidhinn agus ga sgrìobhadh.                                                                                                                                                                                                                                                                                                                                           | Riatanach                  |
| Comasach dhuibh a bhith a' cur deagh riaghladh corporra an sàs nur n-obair agus a bhith a' stiùireadh phròiseactan (me, clàran- ama, ionmhas, is goireasan eile) gus am bi iad air an lìbhrigeadh gu h-èifeachdach is a rèir a' bhuidseit. Riosgan agus goireasan a stiùireadh gus leasachadh leantainneach a chur air adhart.                                                                       | Riatanach                  |
| Comasach dhuibh fiosrachadh toinnte no connspaideach a chur an cèill gu soilleir agus le misneachd ann an suidheachaidhean nàiseanta, ionadail agus aig ìre phearsanta. A' stiùireadh slighe tro chùisean iom-fhillte agus sheallaidhean còmhstritheach tro bhith a' co-obrachadh.                                                                                                                   | Riatanach                  |
| Eòlas agaibh air a bhith stiùireadh atharraichean thairis air grunn bhuidhnean, no grunn roinnean, le fianais ann gun deach gu math leis na h-atharraichean a stiùir sibh. A' togail sgioba foghlaim èifeachdach is sàr-mhath agus a' lìbhrigeadh seirbheis àrd-inbhe le solaraichean air an taobh a-muigh.                                                                                          | Riatanach                  |
| Eòlas agaibh air a bhith a' planadh is a' toirt phrògraman-obrach iom-fhillte, ioma-phàirteach gu buil far am feumar co-chonaltradh a dhèanamh ri grunn bhuidhnean is dhaoine le ùidh no com-pàirt sa phrògram.                                                                                                                                                                                      | Riatanach                  |
| Deagh sgilean agaibh a thaobh a bhith ag obair còmhla ri luchd-compàirt gus dèanamh cinnteach gun tèid pròiseactan is builean a choileanadh.                                                                                                                                                                                                                                                         | Riatanach                  |

|                                                                                                                                                                                                                                                                  |               |  |
|------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------|---------------|--|
| A' brosnachadh deagh mhodhan-obrach air feadh raon foghlam is ionnsachadh na Gàidhlig.                                                                                                                                                                           | Riatanach     |  |
| Eòlas air a bhith a' toirt comhairle is stiùireadh do bhuidhnean air gach cùis co-cheangailte ri foghlam is ionnsachadh, a' gabhail a- steach a bhith a' toirt comhairle do Mhinistearan na h-Alba agus don Riaghaltas agus do Bhuidhnean Ionadail is Nàiseanta. | Riatanach     |  |
| Nuair a bhios e iomchaidh, lìbhrig prìomhachasan tro sheirbheisean air an cur a-mach gu treas pàrtaidhean, tro shònrachadh, solarachadh agus stiùireadh èifeachdach de sheirbheisean.                                                                            | Riatanach     |  |
| Ag obair leis na meadhanan gus teachdaireachdan matha a thoirt seachad agus fios mu ar poileasaidhean is obair a sgaoileadh.                                                                                                                                     | Na bhuannachd |  |
| Ball de Chomhairle Choitcheann Luchd-teagaisg na h-Alba (GTCS) no tha e comasach dhuibh ballrachd a thoirt a-mach san GTCS.                                                                                                                                      | Na bhuannachd |  |
| Cead-dràibhidh slàn agaibh.                                                                                                                                                                                                                                      | Na bhuannachd |  |

#### Fiosrachadh a bharrachd

##### Fo ur stiùir:

Manaidsear Foghlaim

##### Ìre pàighidh is Tuarastal:

Nuair a thòisicheas neach ann an dreuchd, mar as trice tòisichidh iad aig a' chiad ìre pàighidh, agus bidh cothrom aig daoine ann an dreuchdan stèidhichte air àrdachadh pàighidh gach bliadhna, a rèir phoileasaidhean a' Bhùird.

##### Buannachdan:

Bidh gach neach-obrach le cùmhnant stèidhichte, no cùmhnant sealach a mhaireas 3 mìosan no nas fhaide, a' dol nam ball de Sgeama Peinnsein Comhairle na Gàidhealtachd, leis an fhastaiche a' cur sùim luach 19.5% ris, mura h-iarr iad gun ballrachd a ghabhail. <http://www.highlandpensionfund.org>

##### Àite-obrach:

Faodar bruidhinn air càit am bi an dreuchd seo stèidhichte. Dh'fhaodadh gum faigh sibh taic le bhith a' dèanamh imrich.

**Siubhail:**

Mar phàirt den dreuchd seo, bidh agaibh ri deagh chuid siubhail a dhèanamh ann an Alba agus corra uair taobh a-muigh na h-Alba.

**Eile:**

Beachdaichidh Bòrd na Gàidhlig air iarrtasan far a bheil an tagraiche ag iarraidh an dreuchd a ghabhail os làimh mar dhreuchd eile rè ùine, a bharrachd air tagraichean a tha a' sireadh dreuchd stèidhichte is leantainneach.

**Tha seo na thuairisgeul air an dreuchd mar a tha i an-dràsta. Tha e na chleachdadh àbhaisteach a bhith ag ath-sgrùdadh thuairisgeulan obrach bho àm gu àm feuch a bheil iad iomchaidh airson na h-obrach mar a tha i aig an àm, agus gus atharraichean a shealltainn a rinneadh no a tha gam moladh.**